

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



**\*Please scroll down for English Version\***

## Cuideachadh Mòr do Thrusadh Luchd-teagaisg

### 18 An Dàmhair 2011

As t-fhoghar, tha an àireamh as motha ann an aon bhliadhna air an trusadh gu toiseach-tòiseachaidh foghlam luchd-teagaisg Gàidhlig ann an Alba. Tha na 17 oilleanaich teagaisg bun-sgoile agus na 8 àrd-sgoile air am faicinn mar phriomh cheum air adhart a dh'ionnsaigh rùintean a' Phlana Ghàidhlig Nàiseanta a choileanadh, a tha a' coimhead ri meudachadh cudromach a thoirt air in-ghabhail chloinne gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

Gus cuideachadh leis an iarrtas a tha a' sìor fhàs airson luchd-teagaisg Ghàidhlig, tha an t-oifigear trusaидh luchd-teagaisg aig Bòrd na Gàidhlig ag obair le sgoiltean is oilthighean air feadh na dùthcha gus oilleanaich a bhrosnachadh gu beachdachadh air cothroman dreuchdbeatha ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha Bòrd na Gàidhlig air tabhartasan a bhualeachadh air na 25 oilleanaich teagaisg uile gus an cuideachadh tro an ionnsachadh.

Tha am Bòrd a' dol a mhaoineachadh càrsa bogaidh cànan fad-seachdaineach do luchd-teagaisg le beagan Gàidhlig a tha gu làithreach a' teagasg tro mheadhan na Beurla. Bidh an càrsa, a bhios air a fhrithealadh le deichnear luchd-teagaisg bho air feadh Alba, a' leantainn fad seachdain agus air a liubhairt bho 21 Samhain ann an oifisean Bhòrd na Gàidhlig ann an Inbhir Nis.

Tha an càrsa seo mar a' chiad cheum ann an cuideachadh an luchd-teagaisg sin gus na sgilean riatanach agus a' mhisneachd a thogail gus teagasg tro mheadhan na Gàidhlig. Tha an iomairt seo a' togail air càrsa eile de a leithid, a chaidh a ruith san Ògmhios am-bliadhna agus a chaidh a mholadh soirbheachail leis na com-pàrtichean. Bidh an ath cheum mar roghainn gus clàradh air a' chùrsa fad-bliadhna Streap, air a ruith le SMO ann an co-bhonn le Oilthigh Obar Dheathain.

Thuirt Ministeir Ionnsachadh agus Sgilean, an t-Oll Alasdair Allan, "Tha e na dhealas aig Riaghaltas na h-Alba leudachadh na cothroman ionnsachaidd Gàidhlig air feadh na dùthcha. Ach chan urrainn dhuinn na cothromanan sin a' sgaoileadh gun a bhith a' fastadh tidsearan. Tha gach oidhirp le Bòrd na Gàidhlig ann a bhith a' toirt gu aire na cothromanan agus an taic a tha rim faotainn do thidsearan a bhios a' gabhairt ri FTMG agus a bhios gan ullachadh le na sgilean agus an t-eòlas gus an gabhairt os làimh gu mòr rim moladh.

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



Chuir an Leasaiche Foghlaim is Ionnsachaidh aig Bòrd na Gàidhlig, Màiri Nic IlleMhaoil ris an sin: “Tha fios againn gu bheil seachad air 100 tidsear an Alba aig am bheil teisteanas gus Gàidhlig a theagasg ach a tha a’ teagasg ann am Beurla an-dràsta. An cuid de shuidheachaidhean se cion cothrom an t-adhbhar ach an cuid eile se cion misneachd ann a bhith a’ cleachdad a cànan sa chlas. Tha an àireamh oileanaich ùra am bliadhna sa air leth misneachail. Tha dòchas gum bi obair aig na h-ùghdarrasan ionadail dhaibh nuair a bhios iad air ceumnachadh, a thèid mu choinneimh na beàrnan fosigailte an-dràsta am Foghlam tro mheadhan na Gàidlig, a bharrachd air a bhith nan solar ùra far am bi iarrtas. Tha ar oidhirpean gus àireamhan thidsearan Gàidhlig àrdachadh ag obrachadh agus fhad ‘s a nì sinn ar dicheall taic a chur ri leasachadh dhreuchdan nuair a tha tidsearan air ceumnachadh tha feum aig na h-ùghdarrasan ionadail com-pàirt a ghabhail sa ghnothach cuideachd. Tha co-obrachadh den leithid na àrd-rùn an dreachd Phlana Nàiseanta Gàidhlig. Am-bliadhna, tha sinn air ath-ùrachadh is leasachadh a dhèanamh air ar làrach-lìn trusaidh luchd-teagaisg [www.teagasg.com](http://www.teagasg.com) a tha a’ cur taic ris na h-iomairtean sin.”

**Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu:**

**Steven MacÌomhair, Oifigear Conaltraidh is Cùisean Corporra aig Bòrd na Gàidhlig.**

**Post-d: [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) Fòn-làimhe: 07557 481 081**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



## Boost for Gaelic Teacher Recruitment

**18 October 2011**

This autumn has seen the largest intake of students in one year to initial Gaelic teacher education in Scotland. The recruitment of 17 primary and 8 secondary school student teachers is seen as a major step forward towards meeting the aspirations of The National Gaelic Language Plan which looks to increase significantly the intake of children into Gaelic-medium education.

To help meet the growing demand for Gaelic teachers, Bòrd na Gàidhlig's teacher recruitment officer has worked with schools and universities throughout the country, to encourage students to consider career opportunities in Gaelic-medium education. Bòrd na Gàidhlig has awarded grants to all 25 teaching students to assist them in their studies.

The Bòrd is also to fund a week-long Gaelic language immersion course for teachers with some Gaelic who are currently teaching through the medium of English. The week long course, which will be attended by 10 teachers from throughout Scotland, will be delivered from the 21<sup>st</sup> of November in the Bòrd na Gàidhlig offices in Inverness.

This course is an initial step in assisting teachers to acquire the necessary skills and confidence to teach through the medium of Gaelic. This initiative builds on a similar course which was held in June of this year which was declared a success by participants. The next step being the option to enrol on the year long Streach course run by Sabhal Mòr Ostaig in association with Aberdeen University.

Minister for Learning and Skills, Dr Alasdair Allan said: "The Scottish Government is committed to increased opportunities to learn Gaelic across the country. But we cannot open up such opportunities in schools without recruiting teachers. Further efforts by Bòrd na Gàidhlig to highlight the opportunities and support available to teachers who take on GME, as well as equipping them with the skills and confidence to do so, are very welcome." Bòrd na Gàidhlig Head of Education and Learning, Mary MacMillan added: "We know that there are over 100 teachers in Scotland who have a qualification to teach in Gaelic, but who currently teach in English. In some cases this is down to lack of opportunity, but in other cases it is to do with confidence in using the language in a classroom situation. The intake of new students this year is extremely encouraging. It is to be hoped that local authorities will be able to employ them, once qualified, in order to begin meeting currently unmet demand for Gaelic medium education, as well as making new provision where these is a demand."

"Our efforts to help increase the number of Gaelic teachers are working, and while we will do what we can to support career development once teachers have qualified, we need local authorities to play their part in this also. Such cooperation is a central aspiration of the

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



draft National Gaelic Language Plan. We have also this year updated and developed our teaching recruitment website, [www.teagasg.com](http://www.teagasg.com), which supports all those initiatives."

**For further information, please contact:**

**Steven MacIver, Communications and Corporate Affairs Officer at Bòrd na Gàidhlig.  
E-Mail: [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk)   Mobile: 07557 481 081**